

# Babushka

Dealbh-chluich stèidhte air sgeulachd às an Ruis



## Caractaran

Sgeulaiche

Babushka

Rionnag

Gille

Melchior

Caspar

Balthasar

## SEALLADH 1 – TAIGH BABUSHKA

### *Sgeulaiche*

'S e boireannach trang a bh' ann am Babushka. Bhon uair a dh'èireadh i sa mhadainn gus an rachadh i a laighe air an oidhche, bhiodh i a' glanadh agus a' sgioblachadh, a' fighe 's a' fuaigheal, a' nighe 's ag iarnaigeadh 's a' dèanamh a' bhìdh.

### *Rionnag*

*(Nochdaidh RIONNAG air an àrd-ùrlar agus nì i dannsa air feadh an àite. An ceann greis chì sinn GILLE a' nochdadh 's e a' leantainn na rionnaig agus a' coimhead oirre le iongnadh 's ag innse dhan a h-uile duine mu deidhinn)*

### *Sgeulaiche*

Bha Babushka cho trang agus nach robh ùine aice èisteachd ris a' ghille a thàinig chun an dorais a dh'innse dhi mun rionnaig ùir a bh' air nochdadh anns na speuran os cionn a' bhaile.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Gille**

Babushka! Babushka! Am faca sibh an rionnag? Nach tig sibh a-mach a dh'fhaicinn cho soilleir 's a tha i?

**Babushka**

Rionnag! Chan eil ùine agamsa a thighinn a choimhead air rionnag, sean no ùr. Am bruich rionnag an t-aran? An sguab i an làr? Rionnag? Tud!

*(Tha AN RIONNAG a' falbh agus AN GILLE ga leantainn.*

*Greiseag às dèidh làimh chithear taisbeanadh de sholais is luchd-ciùil mas fhìor a' cluich phìoban agus drumaichean agus às an dèidh TRIÙIR CHOIGREACH le càmhail)*

**Sgeulaiche**

Mar sin cha robh Babushka còmhla ri càch nuair a chunnaic iad na solais air an rathad, no nuair a chuala iad na drumaichean is na pìoban, no nuair a thàinig na coigrich tro gheata a' bhaile air na beathaichean mòra, neònach aca a bha na bu mhotha na eich, le cnapan mòra air an dromannan. Cha robh for aice gun robh sìon às an àbhaist gus an cuala i gnogadh aig an doras. *(Chithear NA COIGRICH a' gnogadh an dorais.)* Nuair a dh'fhosgail i e, chunnaic i triùir fhireannach nan seasamh air an staran. Bha an aghaidhean dorcha agus a' chainnt aca coimheach.

**Melchior**

Tha sinn a' sireadh cuid-oidhche sa bhaile seo. Tha a h-uile duine ag ràdh gur ann agaibhse a tha an taigh as àille agus am biadh as fheàrr anns an sgìre.

**Sgeulaiche**

Bha Babushka uabhasach toilichte nuair a chuala i sin, oir bha i pròiseil às an taigh aice, a bha daonnan cho glan, agus às a' bhiadh aice, a bha daonnan cho blasta.

**Babushka**

Bidh mi a' dèanamh mo dhìchill.

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

### *Sgeulaiche*

Thug i a-staigh iad agus lìon i bobhlaichean mòra le brot biotais agus rinn i deochannan teatha dhaibh, oir bha i a' cur an t-sneachda a-muigh. Agus an uair sin dh'fhàs i diùid, oir thug iad dhiubh an cleòcaichean agus chunnaic i gur e rìghrean a bha annta, air an èideadh ann an sìoda agus sròl, le adan neònach agus seudraidh òir. Agus nuair a choimhead Babushka air an taigh aice fhèin, shaoil i gur e àite bochd a bh' ann an taca ri beairteas nan coigreach.

### *Melchior*

*(am fear as àirde)*

Na biodh nàire oirbh, a bhean-usal. Chan eil lùchairt air an talamh a tha nas glaine na an taigh seo, no fàilte cho furanach ri faotainn.

### *Caspar*

*(am fear as lugha)*

'S ann gu àite bochd a tha sinne a' dol a dh'fhaicinn rìgh, a tha air ùr bhreith ann an stàball.

### *Bhalthasar*

*(le gàire)* Rìgh na Talmhainn agus nan Speuran. Tha an rionnag ùr gar treòrachadh thuige.

### *Melchior*

*(le gàire)* Thigibh còmhla rinn. Chuireadh iad fàilte air boireannach fialaidh, còir anns an àite ud.

### *Babushka*

Ò, cha b' urrainn dhomh. Tha cus ri dhèanamh an seo. Agus chan eil sìon agam a bheirinn leam mar thiodhlac dhan rìgh. Tha fhios gu bheil tiodhlacan agaibhse dha.

### *Caspar*

Tha. Òr is spìosraidh is cùbhrachd.

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Babushka**

Tha preas agam a tha làn dhèideagan. 'S ann lem mhac a bha iad.  
Chaochail e nuair a bha e òg. Ach tha iad sean a-nis.

*(Chì sinn BABUSHKA trang a' còcaireachd agus NA RÌGHREAN  
gan dèanamh fhèin cofhurtail. Chithear èirigh agus dol fodha na  
grèine agus AN RIONNAG a' nochdadh a-rithist)*

**Sgeulaiche**

Dh'fhuirich na rìghrean an oidhche sin ann an taigh Babushka.  
Fad an ath latha bha Babushka trang a' bruich aran dhaibh airson  
an turais agus a' teasachadh uisge airson an t-amar a lìonadh uair  
is uair. Nuair a thàinig an oidhche agus a nochd an rionnag anns  
na speuran a-rithist, shreap na rìghrean suas air na càmhail aca  
agus thionndaidh iad ri Babushka.

**Melchior**

A bheil sibh deiseil, Babushka?

**Babushka**

Ò... uill... chan eil fhios a'm...

**Sgeulaiche**

Bha i ag iarraidh a dhol còmhla riutha, ach bha an taigh a-nis cho  
mì-rianail agus cha robh mionaid air a bhith aice coimhead dhan  
phreas feuch an robh gin dhe na dèideagan spaideil gu leòr airson  
a thoirt do rìgh.

**Babushka**

Falbhadh sibhse an-dràsta. Cuiridh mise cùisean air dòigh an seo  
agus an uair sin leanaidh mi sibh air an t-seann asal agam.

**Melchior**

*(le gàire car brònach)* Tapadh leibh airson a h-uile fialaidheachd a  
sheall sibh dhuinn, ach tha an t-àm ann togail oirnn.

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## ***Sgeulaiche***

Dh'fhalbh na rìghrean air ais tron gheata gu ruige an rathaid mhòir. Dh'fhuirich Babushka gus nach fhaiceadh i na solais tuilleadh agus an uair sin thog i oirre air ais don taigh. Bha e cho dorch 's cho sàmhach às aonais nan rìghrean. Dh'fhosgail Babushka am preas agus thog i na dèideagan às. Bha iad làn dust.  
*(Tòisichidh BABUSHKA gan glanadh.)*

Nuair a bha i deiseil, bha gleans às a h-uile gin dhiubh.

## ***Babushka***

Tha iad math gu leòr, tha mi a' creidsinn. Tha fhios gun tuigeadh rìgh a rugadh ann an stàball nach eil an còrr aig seann bhean bho chd ri thoirt dha.

## ***Sgeulaiche***

Gu h-obann, bha Babushka coma ged a bhiodh an taigh air fhàgail mar a bha e.

## ***Babushka***

Cha dèan math dhomh an còrr sgioblachaidh a dhèanamh.  
'S fheàrr dhòmhsa falbh an-dràsta fhèin.

*(Ann an cabhag chithear BABUSHKA a' lionadh poca le biadh dhi fhèin agus le na dèideagan a th' anns a' phreas, a' cur oirre bòtannan, còta agus seàla mu ceann agus a' falbh a-mach an doras.)*

---

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## SEALLADH 2

### *Sgeulaiche*

Thathar ag ràdh nach do lorg Babushka riamh na rìghrean, agus nach fhaca i riamh an rìgh ùr. Nuair a ràinig i am baile san do rugadh e, bha e fhèin is a phàrantan air falbh mar-thà. Ach is e boireannach dìleas a th' ann am Babushka agus tha i fhèin agus an t-seann asal fhathast a' siubhal an t-saoghail mhòir an tòir air a caraidean. (*Chithear BABUSHKA a' fàgail dhèideagan.*)

Anns a' gheamhradh, nuair a bhios i a' cur an t-sneachda, bidh i a' stad aig a h-uile taigh sa bheil clann. Bidh i a' fàgail tè dhe na dèideagan aca, mar chuimhneachan air Melchior, Caspar is Balthasar, air a mac fhèin agus air an rìgh a rugadh san stàball.



Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>